

Dleastanasan Bhuill

- A' cumail sùil air agus a' stiùireadh gnothaichean Shabhal Mòr Ostaig, agus ga brosnachadh mar àite anns an tèid a cinn-uidhe a ruigsinn agus comasan an luchd-ionnsachaidh a thoirt chun na h-ìre as àirde.
- A' dèanamh cinnteach gun cumar ri reachdan, òrdughan is cùmhnantan a thaobh riaghladh an t-Sabhail is a siostaman stiùiridh.
- A' cumail ri stiùireadh reachdail an t-Sabhail, a leithid Stiùireadh bhon Riaghaltas, [Còd Deagh Riaghlaidh airson Colaistean na h-Alba](#) bho Cholaistean na h-Alba, Oifis Charthannasan na h-Alba (OSCR) agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba.
- A' tighinn gu co-dhùnadh air gnothaichean a tha fìor chudromach dha-rìreabh do Shabhal Mòr Ostaig.
- A' solarachadh deagh eòlas air gnothaichean gnìomhachais, malairteach, foghlaim no cosnaidh, no air dreuchd sam bith mar a thèid iarraidh.
- A' frithealadh is ag ullachadh airson coinneamhan Bòrd Stiùiridh is coinneamhan Comataidh mar bu chòir.
- A' gabhail ri ballrachd air tè de na Comataidhean Bùird mar a thèid aontachadh leis a' Bhòrd Stiùiridh.
- A' gabhail trèanadh os làimh a bhios air a mhìneachadh le Rùnaire a' Bhùird agus trèanadh neo-eisimeileach eile nuair a bhios a leithid sin a dhìth.
- A' frithealadh is a' gabhail pàirt ann an tachartasan eile mar a thèid iarraidh oirbh, a leithid làithean planaidh, na Ceumnachd, Òraid an t-Sabhail agus rud sam bith eile a thèid a chur air dòigh, mar a bhios comasach dhuibh.
- A' cumail ri Comas a' Bhùird.
- A' foillseachadh agus ag ùrachadh ùidhean ann an Clàr Ùidhean Sabhal Mòr Ostaig.
- A' riochdachadh Sabhal Mòr Ostaig aig gach ìre.
- A' sònrachadh is a' moladh leasachaidhean airson siostaman is dòighean-obrach fhàgail nas èifeachdaiche.

- A' gabhail dleastanasan os làimh ris am bithear an dùil aig ball a' Bhùird.
- A' cumail ri siostaman is dòighean-obrach a thaobh Deagh Ghnè, Slàinte is Sàbhailteachd agus Chothroman Co-ionnan.
- A' cumail ri poileasaidh GDPR an t-Sabhail.
- A' cleachdadh siostaman IT an t-Sabhail airson gnothaichean co-cheangailte ri obair a' Bhùird/Chomataidhean a-mhàin.

Puingean fiosrachaidh eile

Chan eil tuarastal an lùib ballrachd a' Bhùird no nan Comataidhean, ach thèid cosgaisean siubhal a phàigheadh agus thèid àite-fuirich a chur air dòigh dhuibh aig a' Cholaiste airson choinneamhan agus tachartasan.

Tha co-ionnannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu Shabhal Mòr Ostaig an seo: www.smo.uhi.ac.uk

Tha fiosrachadh mun Bhòrd fhèin agus na buill ri lorg an seo: www.smo.uhi.ac.uk/bord-stiuiridh/

Ma tha ceistean sam bith agaibh, cuiribh post-d gu: bord@smo.uhi.ac.uk